

# AG IONNSACHADH SAN SGOIL:

## Beachdan do phàrantan agus luchd-cùraim mu oideachadh aig an Tràth-ìre



Nuair a tha am pàist' agad ann an ionad tràth-ionnsachaidh, sgoil-àraich no ann an C1 san sgoil, canaidh sinn gu bheil iad sna tràth ìrean. Bidh feadhainn dhen chloinn ag ionnsachadh aig an ìre seo aig aois nas sine. Tha na leanas na phàirt de ionnsachadh gach pàiste: **teaghlaichean agus dàimhean, gu bheil gach pàiste fa leth agus sònraichte, na bodhaigean aca, faireachdainnean agus a' cur rud romhpa agus a' coimhead às deidh rudan beò.** Tha seo na phàirt dhen chuspair Slàinte agus Sunnd fon ainm Dàimhean, Fallaineachd Feise agus Pàrantachd.

Seo na prìomh rudan a bhios air an teagasg aig an ìre seo:

Ann a bhith a' dèiligeadh ri teaghlaichean agus dàimhean, bidh clann ag ionnsachadh:

- Gu bheil na teaghlaichean againn uile eadar-dhealaichte, agus gu bheil na daoine a tha cudromach dhan chloinn a' toirt cùram agus gràdh dhaibh.
- Mar a bhios iad a' togail dhàimhean, a' smaoinichadh air mar a bhios iad rèidh ri clann eile, a' cluich còmhla, a' co-obrachadh agus a' roinn. Faodaidh seo a bhith mu àite pearsanta agus mu spèis do dh'fhaireachdainnean neach eile.
- Mu cho cudromach 's tha coibhneas agus a bhith coibhneil ri daoine eile.

Ann a bhith a' dèiligeadh ri gach pàiste a bhith **gun shamhail agus sònraichte** bidh clann ag ionnsachadh:

- Gu bheil daoine fa leth agus gun shamhail.
- Mu na tha coltach agus ao-coltach mu chlann sa bhuidheann aca.
- Nach eil e ceart droch làimhseachadh a dhèanamh air neach air sgàth gu bheil iad diofraichte.

**Ann a bhith a' dèiligeadh ri cuspair nam bodhaigean aca**, bidh clann ag ionnsachadh:

- Ainmean airson pàirtean am bodhaig – agus gu bheil pàirtean dhem bodhaig prìobhaideach.
- Mu bhith gan cumail fhèin glan agus carson a tha sin cudromach – mu bhith a' nighe an làmhan agus a' glanadh nam fiaclan aca.

Ann a bhith a' dèiligeadh ri **faireachdainnean agus a bhith a' tighinn gu co-dhùnadh** bidh clann ag ionnsachadh:

- Na faireachdainnean aca aithneachadh agus an cur an cèill, a' gabhail a-steach nuair a tha iad a' faireachdainn sàbhailte no mì-shàbhailte, toilichte no fo iomagain.
- Cò na h-inbhich thuig' an tèid iad ma tha ceist aca no ma tha dragh orra, a' toirt a-steach beachd air earbsa.

Ann a bhith a' dèiligeadh ri **coimhead às an deidh fhèin agus rudan beò eile** bidh clann ag ionnsachadh mu:

- Cò às a tha rudan beò a' tighinn.

- Feumalachdan phlanntaichean, bheathaichean agus bhèibidhean.
- Gu bheil daoine proifeiseanta ann a bheir cuideachadh agus cùram dhaibh, leithid luchd-obrach sgoil-àraich, tidsearan, dotairean agus nursaichean.

### **Ciamar a tha sinn ag ionnsachadh san sgoil?**

Tha clann airson rudan fhaighinn a-mach. Tha ùidh mhòr aca ann an daoine a' togail dhàimhean agus mu bhith ag ionnsachadh mun bodhaigean. Ged a tha ionnsachadh san ionad-cùraim no san sgoil-àraich cudromach, tha clann gu mòr an eisimeil am pàrantan agus an luchd-cùraim gus coimhead às an deidh, airson gràdh agus cùram a thoirt dhaibh agus airson deagh ghiùlan agus deagh bheusan ionnsachadh dhaibh a bhios aca fad am beatha. Do chlann a tha ag ionnsachadh san Tràth-ìre, tha tòrr dhen ionnsachadh mu labhairt agus mu chluich, agus mar sin cleachdaidh luchd-obrach còmhraidh, geamaichean, obair-ealain agus leabhraichean le sgeulachdan gus taic a chur ris an ionnsachadh seo air slàinte is sunnd. Gheibh sibh tuilleadh fiosrachaidh mun obair a bhios sinn a' cleachdadh sa ghoireas nàiseanta an seo: <https://rshp.scot/early-years/>